

Bile Seirbheisean Caisg-breith (Sònaichean Inntrigidh Sàbhailte) (Alba)

Duilleagan CS

[Bile Seirbheisean Caisg-breith \(Sònaichean Inntrigidh Sàbhailte\) \(Alba\) - Pàrlamaid na h-Alba - CitizenSpace](#)

Nòta air briathrachas

Tha na briathran a chleachdar sa ghairm airson bheachdan seo a' cleachdadhbhriathrachas nan sgrìobhainnean an cois Bile Seirbheisean Caisg-breith (Sònaichean Inntrigidh Sàbhailte) (Alba). Mar a tha am Meòrachan Poileasaidh ag ràdh, tha briathran leithid "daoine a tha a' faighinn cothrom air no a' toirt seachad seirbheisean", "an aghaidh casg-breith", agus "neach-togail fianaise" gan cleachdadhbhriathrachas gus cunntas a thoirt air gniomhan seach rùintean.

Mu dheidhinn a' Bhile

Tha Bile Seirbheisean Caisg-breith (Sònaichean Inntrigidh Sàbhailte) (Alba) a' moladh gun cruthaichear "sònaichean Inntrigidh Sàbhailte" timcheall nan àiteachan far a bheilear a' toirt seachad seirbheisean caisg-breith. Thathar ag ràdh ris na h-àiteachan seo "fàrdaichean dìonta" air feadh a' Bhile agus air feadh na gairme airson bheachdan seo.

Chan eil am Bile a' dèiligeadh ris a' cheist am bu chòir do sheirbheisean caisg-breith a bhith laghail, agus chan eil e a' moladh atharrachadh sam bith air an lagh air casg-breith ann an Alba.

Bidh a' mhòr-chuid de na sònaichean inntrigidh sàbhailte air an dèanamh suas à sòn 200 meatair timcheall air fàrdaichean dìonta. Ach tha am Bile a' gabhail a-steach uallachaidhean gus sòn inntrigidh sàbhailte a leudachadh no a lùghdachadh mar a tha a dhìth.

Fon Bhile, bidh e na eucoir ma tha daoine taobh a-staigh sòn inntrigidh sàbhailte gan giùlan fhèin ann an dòigh a dh'fhaodadh cuideigin a bhacadh bho bhith a' faighinn casg-breith, no a tha a' toirt air cuideigin a bhith a' faireachdann sàraichte fhad 's a tha iad a' faighinn cothrom air seirbheisean casg-breith. Dh'fhaodadh seo gabhail a-steach a' togail an-àird shoidhnichean le teachdaireachdan an aghaidh casg-breith orra, a' togail fianais a thaobh casg-breith, no a' casg inntrigeadh do fhàrdaichean dìonta.

Fon Bhile, bidh e cuideachd na eucoir airson cuideigin a tha air taobh a-muigh sòn inntrigidh sàbhailte a bhith ga ghiùlan fhèin ann an dòigh a dh'fhaodadh cuideam no amhladh adhbharachadh do chuideigin a tha taobh a-staigh sòn inntrigidh sàbhailte a tha a' faighinn cothrom air seirbheisean casg-breith. Dh'fhaodadh seo gabhail a-steach teachdaireachd an aghaidh casg-breith a shealltainn bho fhòr-uinneag no uinneag as urrainnear faicinn bho thaobh a-staigh an t-sòin inntrigidh shàbhailte, no a' cleachdadhbhriathrachas labhradar gus fianais a thogail ann an dòigh as urrainnear a chluinntinn bho thaobh a-staigh an t-sòin inntrigidh shàbhailte. Bhiodh daoine a fhuaireadh ciontach à eucoirean fon Bhile feumach air càin a phàigheadh.

Tha na BPA air Comataidh Slàinte, Cùraim Shòisealta agus Spòrs a' toirt sùil air mion-phuingean a' Bhile, agus tha iad airson fios fhaighinn air dè tha daoine a' smaointinn orra.

Bidh eòlas air ur beachdan a' cuideachadh nam Ball gus measadh a dhèanamh air mar as urrainnear piseach a thoirt air an lagh a thathar a' moladh, agus am bu chòir gun tèid an dreachd Bile a sgrìobhadh ann an reachdas le Pàrlamaid na h-Alba.

Thoiribh dhuinn ur beachdan

Tha sinn ag iarraidh ur beachdan air Bile Seirbheisean Caisg-breith (Sònaichean Inntrigidh Sàbhailte) (Alba).

Faodaidh sibh an dara cuid:

- Suirbhidh ghoirid a choileanadh gus beachdan is barailean coitcheann a thoirt seachad air a' Bhive san fharsaingeachd
- Gairm structaraichte airson fianais a fhreagairt gus barailean mionaideach a thoirt seachad air uallachaidhean àraid sa Bhive.

Suirbhidh ghoirid

Ma tha sibh ag iarraidh freagairt ghoirid a thoirt seachad leis na beachdan agaibh air a' Bhive san fharsaingeachd, feuchaibh gun coilean sibh an t-suirbhidh.

Leughaibh na ceistean san t-suirbhidh ghoirid

Tha sinn a' cur fàilte air beachdan sgrìobhte ann am Beurla, ann an Gàidhlig, Scots no cànan sam bith eile.

Tha a' ghairm airson bheachdan a' dùnadh air 20 Dùblachd 2023.

Thoiribh dhuinn ur beachdan

Coileanaibh an t-suirbhidh ghoirid mu dheidhinn a' Bhive

Coileanaibh a' ghairm structaraichte airson fianais mu dheidhinn a' Bhive

Gheibhear tuilleadh fiosrachaiddh air modh-obrach na Comataidh a thaobh sgrùdadadh a' Bhive seo agus mar a làimhsicheas iad fiosrachadh ann an Aithris sgrìobhte air làimhseachadh fiosrachaiddh agus fianaise.

Duilleag 2 – An Ceisteachan: Bile Seirbheisean Caisg-breith (Sònaichean Inntrigidh Sàbhailte) (Alba) - Pàrlamaid na h-Alba - Árainn nan Saoranach

Nòta air briathrachas

Tha na briathran a chleachdar sa ghairm airson bheachdan seo a' cleachdadadh briathrachas nan sgrìobhainnean an cois Bile Seirbheisean Caisg-breith (Sònaichean Inntrigidh Sàbhailte) (Alba). Mar a tha am Meòrachan Poileasaiddh ag ràdh, tha briathran leithid "daoine a tha a' faighinn cothrom air no a' toirt seachad sheirbheisean", "an aghaidh casg-breith", agus "neach-togail fianaise" gan cleachdadadh gus cunntas a thoirt air gnìomhan seach rùinteann.

Mu dheidhinn a' Bhive

Tha Bile Seirbheisean Caisg-breith (Sònaichean Inntrigidh Sàbhailte) (Alba) a' moladh gun cruthaichear "sònaichean inntrigidh sàbhailte" timcheall nan àiteachan far a bheilear a' toirt seachad seirbheisean casg-breith. Thathar ag ràdh ris na h-àiteachan seo "àiteachan dionta" air feadh a' Bhive agus air feadh na gairme airson bheachdan seo.

Chan eil am Bile a' dèiligeadh ris a' cheist am bu chòir do sheirbheisean casg-breith a bhith laghail, agus chan eil e a' moladh atharrachadh sam bith air an lagh a thaobh casg-breith ann an Alba.

Bidh a' mhòr-chuid de na sònaichean inntrigidh sàbhailte air an dèanamh suas à sòn 200 meatair timcheall air àiteachan dionta. Ach tha am Bile a' gabhail a-steach uallachaidhean gus sòn inntrigidh sàbhailte a leudachadh no a lùghdachadh mar a tha a dhìth.

Fon Bhile, bidh e na eucoir ma tha daoine taobh a-staigh sòn inntrigidh sàbhailte gan giùlan fhèin ann an dòigh a dh'fhaodadh cuideigin a bhacadh bho bhith a' faighinn casg-breith, no a tha a' toirt air cuideigin a bhith a' faireachdainn sàraichte no fo eagal fhad 's a tha iad a' faighinn cothrom air seirbheisean casg-breith. Dh'fhaodadh seo gabhail a-steach a bhith a' togail an-àird shoidhnichean le teachdaireachdan an aghaidh casg-breith orra, a' togail fianais a thaobh casg-breith, no a' casg inntrigeadh do dh'áiteachan dionta.

Fon Bhile, bidh e cuideachd na eucoir airson cuideigin a tha air taobh a-muigh sòn inntrigidh sàbhailte a bhith ga ghiùlan fhèin ann an dòigh a dh'fhaodadh cuideam no mòr-dragh adhbharachadh do chuideigin a tha taobh a-staigh sòn inntrigidh sàbhailte a tha a' faighinn cothrom air seirbheisean casg-breith. Dh'fhaodadh seo gabhail a-steach teachdaireachd an aghaidh casg-breith a shealltainn bho fhor-uinneag no uinneag as urrainnear faicinn bho thaobh a-staigh an t-sòin inntrigidh shàbhailte, no a' cleachdad labhradar gus fianais a thogail ann an dòigh as urrainnear a chluinntinn bho thaobh a-staigh an t-sòin inntrigidh shàbhailte. Bhiodh aig daoine a fhuaireadh ciontach à eucoirean fon Bhile feumach ri càin a phàigheadh.

Tha na BPA air Comataidh Slàinte, Cùram Shòisealta agus Spòrs a' toirt sùil air mion-phuingean a' Bhile, agus tha iad airson fios fhaighinn air dè tha daoine a' smaointinn orra.

Bidh eòlas air ur beachdan a' cuideachadh nam Ball gus measadh a dhèanamh air mar as urrainnear piseach a thoirt air an lagh a thathar a' moladh, agus am bu chòir gun tèid an dreachd Bile a sgrìobhadh ann an reachdas le Pàrlamaid na h-Alba.

Thoiribh dhuinn ur beachdan

Tha sinn ag iarraidh ur beachdan air Bile Seirbheisean Caisg-breith (Sònaichean Inntrigidh Sàbhailte) (Alba).

Thoiribh fa-near na puingean a leanas mus cuir sibh ur beachdan thugainn

Cha bhithear a' foillseachadh fhreagairtean air leth don t-suirlhidh. An àite sin, bithear a' foillseachadh geàrr-chunntas air na freagairtean.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidd air modh-obrach na Comataidh a thaobh sgrùedad a' Bhile seo agus mar a làimhsicheas iad fiosrachadh ann an [Aithris sgrìobhte air làimhseachadh fiosrachaidd agus fianaise.](#)

Faodar an ceisteachan a lionadh aig: <https://yourviews.parliament.scot/health/abortion-services-saz-bill/>. Tha an ceisteachan air-loidhne sa Bheurla ach faodar na ceistean a fhreagairt sa Ghàidhlig no freagairt a chur dhan chomataidh sa Ghàidhlig tro phost-d/

Ceistean

1. A bheil sibh ag aontachadh ri adhbhar a' Bhile?
2. A bheil sibh ag aontachadh gum bu chòir gum bi radius nan sònaichean inntrigidh sàbhailte timcheall air àiteachan dionta air a shuidheachadh aig 200 meatair?
3. A bheil sibh den bheachd gu bheil na h-eucoirean sa Bhile co-rèireach?
4. A bheil beachd sam bith eile agaibh air a' Bhile?
5. Ciamar a fhuair sibh a-mach mun cho-chomhairleachadh seo?
 - Làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba
 - Rèidio
 - Pàipear-naidheachd nàiseanta
 - Pàipear-naidheachd ionadail
 - Meadhanan sòisealta
 - Eile (feuchain gun toir sibh barrachd fiosrachaidh):